

**Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh  
a cumail air Dihaoine 14 Sultain 2018 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 9.30m**

<b>BUILL AN LATHAIR:</b>	Aonghas S. MacLeòid (Catriona Dunn Iain Greumach Sandy Jones (air VC))	Iain Moireasdan Màiri NicAnndrais Gillian Rothach
<b>LUCHD-OBRAICH AN LÀTHAIR:</b>	Karen Cheanadach Cairistiona NicCoinnich (geàrr-chunntas)	Marsaili NicLeòid Nicola NicThòmais
<b>LEISGEULAN:</b>	Sìne Ghilleasbuig Aonghas MacAonghais Art MacCarraig	Aonghas L MacLeòid Aonghas MacIllinnein Donnie Rothach

**PUING****GNÌOMH****1 FÀILTE**

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air Gillian agus Marsaili, a bha a' frithealadh an ciad coinneimh mar Phrionnsapal agus Iar Phrionnsapal. Bhathas a' guidhe gach soirbheachas dhaibh sna dreuchdan ùra aca.

**2 ÙIDHEAN**

Nochd Jo NicDhòmhnaill ùidh ann am puing 9.1 a thaobh Aithisg an Stiùiriche Ionmhais. Tha i na ball de Bhòrd MG ALBA agus thèid bruidhinn air Stiùidio Fàs.

**3 GEÀRR-CHUNNTASAN****3.1 CU 18-02-02**

Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

**3.2 CU 18-03-02 EGM**

Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

**3.3 Puingean Gnìomha**

Chaidh obrachadh tro na puingeann gnìomh:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17.02	11.1	<b>Sàr Ghàidheil</b> Bòrd le ainmeannan nan daoine a fhuair an duais cheana, a bhith air a' bhalla aig an Ionad Fàilte agus gum biodh liosta air an làrach-lìn agus ath-nuadhachadh air na teisteanasan cuideachd.	CNC	Cùm
18.01	5.1	<b>Buill ùra</b> Cuiribh ainmean gu Fiona.	Buill	Cùm
18.01 & 18.02	5.2 6.3	<b>Iar-Chathraiche</b> Aonghas a' dol a bhruidhinn ri buill.	ASML	✓
18.01	5.3	<b>CIO</b> Cuideigin le eòlas ionmhais bhon taobh a-muigh Ainmeannan gu Fiona.	Buill	Cùm
18.01	10.3	<b>Òraid an t-Sabhail</b> Ainmean gu Fiona no Cairistiona	Buill	✓
18.02	6.5	<b>Stèidheachd OGE</b> Anton Edwards, OGE a' sireadh ball bhon Bhòrd airson Stèidheachd OGE	Buill	Cùm
18.02	8.1.1	<b>Gàidhlig sna h-Ard Sgoiltean</b> Rannsachadh air sgoilearan agus cothroman Gàidhlig anns na sgoiltean	Comataidh Foghlam is Rannsachaidh	✓
18.02	8.3.3	<b>Cùrsa Tbh</b> An ceangal gu filmichean an Cùrsa Tbh a chur gu buill	FMK	Cùm
18.02	10.1	<b>Buidseat</b> Buidseat airson 18/19 ri aontachadh aig an ath choinneimh de CIO	KC	Dèanta
18.02	10.1	<b>Buidseat</b> Buidseat ri aontachadh leis a' Bhòrd, coinneamh fòn ri chur air dòigh.	KC/FMK	Dèanta
18.02	10.2	<b>Clàr chunnartan</b> Puing 4.3 - puingeann ri ùrachadh m.e. plana Margaideachd 2016 a' coimhead sean.	KC	Dèanta
18.02	10.3	<b>Ro-innleachd Procurement</b> Abairt a leanas a chur air duilleag 2: "These values will inform our strategy and policy on procurement" agus Gàidhlig aig mullach na liosta luachan.	KC	Dèanta
18.02	10.4	<b>Trèanadh Buill a' Bhùird</b> Feumalachdan trèanaidh buill	FMK	Cùm
18.02	10.7	<b>Sgeama Pàighidh HE</b> Buidhinn ris a' Chomhairle Mhaoineachaidh	NNT	Cùm
18.02	10.8	<b>Cànan</b> Buidhinn ri Roinn na Gàidhealtachd mu Chànan	AMI	Cùm
18.02	10.9	<b>Fèin-luachadh</b> Coimhead suirbhidh a chleachdadh an ath-bhliadhna.	FMK	Cùm
18.02	10.10	<b>Poileasaidhean</b> Poileasaidhean a chaidh aontachadh a dhol dhan leabhar-làimhe	FMK	Dèanta

### 3.4 **Comataidh Sgrùdaidh AUD 18-02-02**

Thugadh fa-near dhan gheàrr-chunntas.

### 3.5 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd CIO 18-02-02**

Thugadh fa-near dhan geàrr-chunntas.

### 3.6 **Gnothaichean ag Èirigh**

3.6.1 **Coinneamh le Àrd-sgoil Phort Rìgh:** Choinnich Boyd agus Iain Tormod ri luchd-obrach bho Àrd-sgoil Phort Rìgh gus bruidhinn air roghainn chuspairean agus buaidh riochd a' churraicealaim air an àireamh de sgoilearan a tha a' taghadh Gàidhlig. Chaidh aontachadh gun robh feum air barrachd rannsachaidh air mar eisimpleir, cò mheud cuspair a tha sgoiltean a' tabhann do sgoilearan, agus na h-àireamhan de bhoireannaich agus fireannaich a tha a' dèanamh Gàidhlig. Dh' aontaich Marsaili bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh rannsachadh sam bith a tha iadsan air a dhèanamh.

MNL

3.6.2 **Bòrd na Gàidhlig:** Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do Cheannard Bòrd na Gàidhlig, Shona NicIlinnein, tadhal air a' Cholaiste.

GR

## 4 **AITHRIS A' CHATHRAICHE**

4.1 **Pàirce-Geò Dà-chànanach:** Choinnich Aonghas le Seòras MacGillivray agus Donald Fisher bho Hillpark Studios gus bruidhinn air a' Phàirce-Geò. Tha beagan mì-chinnt ann mu na h-ath cheumannan agus mun chosgais a bhiodh air a' Cholaiste, an dà chuid a thaobh ionmhais agus a thaobh uallach air luchd-obrach. Bidh an cuspair seo a' leantainn agus thathas an dùil gun till Hillpark le beachdan agus soillearachd air cùisean.

4.2 **Conaltradh:** Tha Aonghas agus Gillian air aontachadh gun cum iad coinneamh fòn gach cola-deug. Seo moladh a thàinig à fèin-luachadh a' Bhùird (faic 9.5).

## 5 **BALLRACHD**

5.1 **Iar-chathraichean:** Tha Catriona agus Art air aontachadh a bhith nan iar-chathraichean.

5.2 **Oileanaich Ùra air a' Bhòrd:** Bidh triùir a' riochdachadh nan oileanach air a' Bhòrd: Raonaid Mhoireasdan, Rachel Kellow, agus Kiera Brennan. Cha robh e comasach dhaibh a bhith aig a' choinneimh, ach choinnich na buill ri Rachel aig dinnear a' Bhùird a-raoir (12/09).

5.3 **Rùnaire a' Bhùird:** Chaidh dreuchd Rùnaire a' Bhùird a shanasachd, ach cha robh tagraidhean air a thighinn a-steach fhathast. Thathas a' beachdachadh air leasachadh na dreuchd. Thathas a' tuigsinn nach urrainn do neach a tha nam ball den Bhuidhinn Stiùiridh a bhith mar Rùnaire a' Bhùird ach dh' aontaich Nicola comhairle fhaighinn bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba an robh seo a' buntainn ri Sabhal Mòr.

NNT

## 6 **AITHRIS A' PHRIONNSAPAIL**

Bho thoisich Gillian ann an dreuchd a' Phrionnsapail, tha i air prìomhachas a chur air coinneachadh ri oileanaich agus luchd-obrach, agus cuid de na buidhnean leis a bheil a' Cholaiste ag obair. Chaidh iomradh cuideachd a thoirt air na leanas:

- Thadhal John Swinney, BPA (Leas Prìomh Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire na Stàite airson Foghlaim agus Sgìlean), air a' Cholaiste air 3 Sultain, a' chiad là den t-Seachdain Inntigidh. Choinnich e ris na h-oileanaich a bha air ùr tòiseachadh

Chunnaic e na leasachaidhean ann an Leabharlann na Colaiste ris an do chuir Riaghaltas na h-Alba taic-airgid, Leabharlann Shomhairle Mhic Gill-eain nam measg. Choinnich e cuideachd ris a' Buidhinn Ghnìomh agus bhruidhinn iad air leasachaidhean foghlaim, a' Chill Bheag, agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

- Bidh Assembly OGE a' coinneachadh air 26 Sultain. Bidh Aonghas, Gillian, agus Iain Greumach an làthair, agus thathas an dòchas gum bi riochdaire oileanach bhon Cholaiste ann cuideachd.
- Chaidh Bonn Seansalair Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a bhuileachadh air Iain Tormod air 5 Iuchar aig seirbheis ceumnachaidh aig Colaiste Dhiadhachd na Gàidhealtachd, leis an Seansalair, a' Bhana-phrionnsa Rìoghail. Tha an duais seo ag aithneachadh a' phàirt aige ann an leasachadh foghlaim adhartach agus àrd ìre tro mheadhan na Gàidhlig thar 35 bliadhna.
- Thug Boyd seachad a' phrìomh òraid aig Rannsachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann san Lùnastal. Thug ochdnar bhon Cholaiste seachad òraidean.
- Tha Flora Guidi, Ceannard Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, air aontachadh Òraid na Ceumnachd a thoirt seachad.
- Thèid dìnnear a chumail air 9 Samhain airson seirbheis Boyd agus Iain Tormod don Cholaiste a chomharrachadh.

## 7

### FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

- 7.1 **Aithisg an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near do dh'aithisg an Fhoghlaim agus thugadh taing do dh' Eairdsidh airson uallaichean Stiùiriche an Fhoghlaim a ghabhail os làimh eadar Iain Tormod a' leigeil dheth a dhreuchd, agus Marsaili a' tòiseachadh.

Cha tèid am PDA Eadar-theangachadh a thabhann chun na h-ath-bhliadhna.

Bidh an t-Oll. Riseard Cox a' gabhail fòrladh sàbaideach am-bliadhna agus ag obair pàirt-ùine.

- 7.2 **Àireamhan Oileanach:** Thugadh fa-near do dh' àireamhan oileanach 2017/18.
- 7.3 **Aithisg nan Cùrsaichean Goirid:** Thugadh fa-near do dh' aithisg nan Cùrsaichean Goirid.

## 8

### LEASACHADH, NA H-EALAIN, AGUS PRÒISEACTAN

- 8.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

Tha Kate Forbes, BPA, air aontachadh Òraid an t-Sabhail a thoirt seachad am-bliadhna.

Tha còmhraidhean fhathast a' leantainn le Comhairle na Gàidhealtachd agus Highland Small Communities Housing Trust (HSCHT) a thaobh taigheadais. Bidh a' Cholaiste a' sanasachd nan cothroman a th' ann a thaobh taighean do sheann dhaoine.

Bha Aonghas an làthair aig an Rural Planning Summit ann an Inbhir Nis air 7 Sultain, agus chaidh leasachadh na Cille Bige a thogail le barrachd na aon neach mar sàr eisimpleir.

Choinnich Donnie le Anne Gracie, Sonas Hospitality, airson a beachd fhaighinn air cothroman trèanaidh a dh' fhaodadh a bhith ann, nan deidheadh taigh-òsta a thogail air làrach na Cille Bige. Choinnich Donnie agus Dòmhnall Angaidh cuideachd ri ailtirean Rybka, mu chothroman a dh' fhaodadh a bhith ann le companaidh aoigheachd ris a bheil iadsan ag obair. Thig buannachd don Cholaiste a thaobh àiteachan-fuirich, obair airson oileanaich, agus cothroman air cùrsaichean ùra a dhealbhadh.

Tha còmhraidhean air a bhith ann le Oilthigh Dhùn Èideann agus a' chompanaidh aca EDINA mu na trioblaidean a tha air a bhith ann le làrach-lìon Thobar an Dualchais a ghluasad gu stèidheachd ùr. Thathas an dòchas gun tig fuasgladh a dh'aithghearr.

## 9 GNOTHAICHEAN CORPORRA

### 9.1 **Aithisg Stiùiriche an Ionmhais:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Ionmhais.

Tha nas lugha de dh' oileanach air an làraich am bliadhna – 33, an taca ri 50 an-uiridh, agus 61 ann an 2016/17. Bheir seo buaidh air buidseat na Colaiste agus chaidh deasbad air dòighean a dh'fhaodar seo a lasachadh, gun chron a dhèanamh air àrainneachd Ghàidhlig agus an cothrom air leth a thathas a' toirt do dh'oileanaich. Bha iarrtas air a thighinn bho com-pàirtiche a bha lorg àiteachan-fuirich airson cuid de na h-oileanaich aca fhèin, aig nach eil Gàidhlig; cha deach gabhail ris seo. Chaidh aontachadh gum bu chòir cothroman a lorg cùrsaichean goirid a bharrachd a dhèanamh, agus co-labhairtean a thàladh, a bharrachd air seòmraichean-caidil a reic a bhiodh fa-leth bho àrainn Ghàidhlig nan oileanach.

Buidheann  
Stiùiridh

Chaidh aontachadh nach robh e gu bhith comasach teachd a-steach bho SkyeSpace àrdachadh; leis an sin, thèid an suim airgid a thoirt às a' bhuidseit.

Leis gu bheil an Dioplòma anns na Meadhanan Gàidhlig air fhaicinn mar chùrsa leasachaidh do luchd-obrach, chan eil oileanaich airidh air an aon seòrsa taic 's a tha oileanaich air na cùrsaichean eile againn. Tha seo a' toirt buaidh air àireamhan de dh'oileanach, agus, ri linn sin, buaidh air ionmhas. Chaidh aontachadh gum b' fhiach rannsachadh a dhèanamh air cothroman 's cùrsaichean nam meadhanan aig a' Cholaiste, gu h-àraid leis mar a tha cùisean ag atharrachadh cho tric san roinn sin. Dh'aontaich Iain Moireasdan agus Jo molaidhean a chur gu Nicola air neach neo-eisimeileach a dhèanadh a leithid a rannsachadh.

IM/JND/NNT

### 9.2 **Clàr-chunnartan:** Chaidh obrachadh tro na puingeann dearg air a' chlàr.

*3.1 Sireadh Luchd-obrach:* Chaidh aontachadh gum bu chòir don Chomataidh Chorporra sùil a thoirt air ro-innleachd thrusaidh gus am bi a' Cholaiste ullachd airson an àm ri teachd, gu h-àraid ann an Roinn an Fhoghlaim.

Com.  
Corporra

*3.6 Ìsleachadh àireamh nan oileanach:* Chaidh beachd a thogail gum bu chòir an cunnart seo a ghluasad gu earrann Ionmhais.

*4.3 Farpais bho ionadan eile:* Chaidh aontachadh gum bu chòir barrachd rannsachaidh a dhèanamh air leasachaidhean ann an Uibhist (Cnoc Soilleir, an iomairt chompàirteachaidh eadar Ceòlas Uibhist agus Colaisde a' Chaisteil) agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann airson co-obrachadh.

GR

### 9.3 **Aithisg Chorporra:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Chorporra.

### 9.4 **Adhartas an Ro-innleachd:** Thugadh fa-near aithisg air an adhartas a chaidh a dhèanamh gu ruige seo ann an bhith a' coilladh amasan na ro-innleachd.

### 9.5 **Aithisg Fèin Luachaidh a' Bhùird:** Thugadh fa-near toraidhean bho fhèin-luachadh a' Bhùird agus thèid gluasad air cuid de na molaidhean a thàinig às.

Cuiridh Cairistiona air dòigh trèanadh do bhuill a' Bhùird nach eil air seo a dhèanamh cheana.

CNC

Thug Jo iomradh air an dòigh anns a bheil MG Alba a' dèiligeadh ri pàipearan choinneamhan, le bhith a' cleachdadh siostam *Board Papers* agus iPad a thoirt do na buill. Dh'aontaich Nicola barrachd rannsachaidh a dhèanamh air seo.

NNT

## 9.6 **Poileasaidhean**

9.6.1 *Leasachadh Luchd-obrach*: Chaidh aontachadh ri poileasaidh Leasachadh Luchd-obrach.

9.6.2 *Cairtean Creideis*: Chaidh aontachadh ri poileasaidh Chairtean Chreideis.

9.7 **Aithisg Aoigheachd**: Thugadh fa-near aithisg a' Mhanaidseir Aoigheachd.

9.8 **Aithisg Mhargaideachd**: Thugadh fa-near aithisg a' Mhanaidseir Margaideachd.

9.9 **Cànan**: Thug Iain Moireasdan iomradh air gnothaichean a thaobh Cànan. Chaidh plana gnìomh a dhealbh, a' lùghdachadh na h-àireimh de sheirbheisean a tha iad a' tabhann agus a' cur prìomhachas air sàr sgilean an luchd-obrach. Thèid luchd-obrach a tha ag obair air an ceann fhèin fhastadh nuair a tha feum orra. Bidh am plana aig an ath choinneimh. Rinn Aonghas MacAonghais bùth-obrach leis an luchd-obrach. Thathas an dùil gum bi prothaid ann, le bhith a' cur nam molaidhean seo an gnìomh.

Thugadh taing do dh'Iain agus do dh'Aonghas airson an taic a tha iad a' toirt do Chànan.

9.10 **Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd**: Thugadh fa-near aithisg Slàinte is Sàbhailteachd.

9.11 **Cairtean Creideis**: Chaidh aontachadh cairtean creideis a chur air dòigh airson a' Phrionnsapail agus airson an Iar Phrionnsapail.

## 10 **GISBE**

10.1 **Urras Leasachaidh an t-Sabhail**: Chaidh Tormod MacGilliosa a thaghadh mar chathraiche an Urrais Leasachaidh san Ògmhios. Tha an t-Urras gu mòr ag iarraidh ceanglaichean nas dlùithe a bhith aca le stiùirichean na Colaiste agus leis a' Bhòrd agus thathas an dòchas tachartasan a chur air dòigh leis an dà bhuidhinn san àm ri teachd.

## 11 **CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**

11.1 Thèid an ath choinneimh a chumail air 23 Samhain, anns an Taigh-òsta Rìoghail, Inbhir Nis.

*Sgaoil a' choinneimh aig 12.20f*

